

FIFTH THOUSAND.

Blair 364

THE
CELTIC LYRE:

A COLLECTION OF
GAELIC SONGS, WITH ENGLISH TRANSLATIONS.

By FIONN.

PART II.—PRICE SIXPENCE.
MUSIC IN BOTH NOTATIONS.

EDINBURGH:
JOHN GRANT.

GLASGOW: A. SINCLAIR, 62 ARGYLE STREET.

OBAN: HUGH MACDONALD.

1891.

CONTENTS OF PART II.

	PAGE
Leis an Lurgainn—With the Lurgainn,	21
Soiridh!—Farewell!	22
Clachan Ghlinn-da-ruail—Clachan Glen-da-ruel,	23
An Gaidheal 's a leannan—The Gael and his Sweetheart,	24
Gur trom, trom mo cheum—Heavy-hearted I mourn,	25
G'àite 'n caidil an ribhinn?—Where sleepest thou, my Dearie?	26
Mo nighean donn bhòidheach—My Brown-haired Maiden,	27
Dùthaich nan craobh—The Land of the Trees,	28
Màiri bhòidheach—Pretty Mary,	29
Am fleasgach donn—The Brown-haired Lad,	30
Soiridh slàn le Fionn-airidh—Farewell to Fiunary,	31
Dh' fhalbh mo leannan thèin!—My own dear one's gone!	32
An-t-Eilean Muileach—The Isle of Mull,	33
An cluinn thu 'leannain!—O hear me, love, hear me!	34
Mo chailin donn, òg—My Bonnie Brown Maid,	35
Allt-àn-t-siùcair—The Sugar-brook,	36

CONTENTS OF PART III.

<p>A' mhaighdean àluinn—The peerless maiden. Na làithean a dh'aom—The gay days of yore. Oigfhear a chùil-dualaich—Laddie with the golden hair. Am Fonn—The Melody. Ealaidh ghaoil—A melody of love. Gabhaidh sinn an rathad-mòr—We will take the highway. O, till, a leannain—Return, my darling. Màiri laghach—Winsome Mary.</p>	<p>Mo chailin dìleas donn—My faithful auburn maid. Fuadach nan Gàidheal—The dispersion of the Highlanders. A' ghruagach bhanaill—The blythesome lassie. Cruachan-Beann—Cruachan Ben. Gille mo luaidh—The lad I love well. Eilidh Bhàn—Ailie Bain. Mo nighean donn—My brown maid. Eilean an Fhraoich—The Isle of the Heather.</p>
--	---

CONTENTS OF PART I.

<p>Muile nam mòr-bheann—Mull of the Bens. A' ghruagach dhonn—Brown-haired nymph. A' chruinneag Ìleach—The Islay maiden. Bidh mi ga d' chaoidh—I'll sorrow for thee. Mo rùn geal, dìleas—My faithful fair one. Mo bleannachd ort, a Mhàiri—My blessings on thee, Mary. Moladh na Landaidh—The praise of Islay. Tha mo rùn air a' ghille—I dearly lo'e the laddie. Gur moch rinn mi d'ùsgadh—I early awoke. Gun chrodh gun aighean—The tocherless lass.</p>	<p>Fear a' bhàta—The boatman. An ribhinn donn—The auburn maid. Tuireadh—Lament. Oran mualaid—A song of grief. Dealachadh leannain—A lover's parting. Is toigh leam a' Ghaidhealtachd—I love the Highlands. An ribhinn àluinn—The charming maiden. Mo nighean chruinn, donn—My neat auburn maid. A' Chuaird-Shamhraidh—The summer ramble. Seònaid a' chùil réidh—Jessie I loved well.</p>
--	---

21.—LEIS AN LURGAINN—A BOAT SONG.

KEY D.—*With spirit.*



SEISD. { l ., t | l : l . s | m' : m' ., r' | d' : r' . m' | r'
 Leis an Lurg - ainn o | hi, Leis an Lurg - ainn o | hò,
 CHORUS. With the, Loor - geen o | hee, With the Loor - geen o | ho,



{ m' ., s | s : l ., t | d' ., t : l . s | m : m . s | l
 Beul an ana - moich o | hi, 'S fheadar falbh le 'cuid seòl.
 In the gray dusk of eve, O'er the waves let us go.

An Cuan Eirinn o hi,
 Muir ag éirigh o hò,
 Cha bu léir dhuinn o hi,
 Nì fo 'n ghréin ach na neòil.

Seachad lle o hi,
 'M beul na h-oidhche o hò,
 Las sinn coinnlean o hi,
 'S chuir sinn combaist air dòigh.

Seachad Aros o hi,
 Bha i gàbhaidh o hò,
 'N fhaige lãidir o hi,
 Suas gu bàrr a' chroinn-sgòid.

Thuir an sgiobair o hi,
 Ri chuid ghillean o hò,
 "Glacaidh misneach o hi,
 'S deanaibh dìchioll, a sheòid.

"Mar bu nòs dhuibh o hi,
 Seasaidh dileas o hò,
 'Bheil e coltach o hi,
 Gu 'n tig dosgairn 'n ar còir ?

"Suas a h-aodach o hi,
 Ri 'croinn chaola o hò,
 'Snàmh cho aotrom o hi,
 Ris an fhaolinn air lòn.

"Muir 'ga bualadh o hi,
 Taobh an fhuaraidh o hò,
 Bith'dh sinn buadhar o hi,
 'S gillean uallach air bòrd."

On the ocean, o hee,
 Waves in motion, o ho,
 Naught but clouds could we see
 O'er the blue sea below.

Islay looming, o hee,
 In the gloaming, o ho,
 Our ship's compass set we,
 And our lights we did show.

Aros passing, o hee,
 'Twas harassing, o ho,
 The strong billows to see
 High as masthead to flow.

Skipper bellows, o hee,
 To his fellows, o ho,
 "Steady! courage take ye
 Though a tempest should blow.

"Look a-head, mates, o hee,
 Without dread, mates, o ho,
 Those that danger would flee,
 Let them sneak down below.

"Crowd her sails on, o hee,
 And though gales come, o ho,
 Light as sea-gull will she
 O'er the heaving waves go.


"Billows lashing, o hee,
 Waters crashing, o ho,
 Without blenching we see
 There be stout hearts on board."

Gaelic words from SINCLAIR'S "ORANAICHE." Translation by MR. M. MACFARLANE, Paisley.


22.—SOIRIDH!—FAREWELL!

(Le òganach a fàgail an cìlean 's an d' rugadh e—Written by a young Gael when leaving his native isle.)

KEY F.—Moderato, with feeling.



{ d ., r | m ., m : s ., m | r . d : d ., r | m ., r : m . s | l
 { Och nan | och na bheil air | m' aire! 'S truagh a | nochd na bheil 'am | dhith!
 Sad am I and sor - row - lad - en, For the maid I love so well;



{ s ., l | d' ., t : l ., s | s ., m : d ., d | l ., s : s ., l | d ||
 { Sud e | righ, gur mór mo | ghaol ort, Ged nach | fhaod mi bhi 'ga | inns'.
 I a - dore thee, dear - est maid - en, But my thoughts I dare not tell.

Tha mi 'g ionndrainn, 'us cha 'n àicheadh
 Mi 'n té bhàn a bha 's an fhrith;
 An déigh dhomh 'buachailleachd 's a h-àrach,
 'S eagal leam gu'n d'fhàg i mi.

A Bheinn-bhreac nan creachann àrda,
 'S tric a shàruich thusa mi;
 Ach tha mi 'm bliadhna dol ga d' fhàgail—
 Soiridh slàn leat gus an till.

Cha 'n 'eil cnoc no glac a'd aodann,
 Coire fraoich a bhos no shios,
 Nach 'eil a' cuimhneach iomadh rud dhomh,
 Ged nach fhaod mi bhi ga inns'.

Soiridh leis gach beinn 'us fireach—
 A' bheinn o'm mithich dhomh 'bhi triall',
 Guidheam fada féidh a'd ghlacaibh;
 B'e bhì 'n taice riut mo mhian.

Why deny my heart is rending
 For the fair one of the lea;
 After all my careful tending,
 She has now forsaken me.

Ben of peaks the clouds that sever,
 Oft thy steeps have wearied me;
 Must I leave thy shade for ever?
 Then farewell, farewell to thee!

Every corrie, crag, and hollow,
 Heath'ry brae and flowery dell,
 Now awaken pangs of sorrow;
 But my thoughts I dare not tell.


Mountain bold! thy form surpasses
 Every ben that eye can see;
 Long may deer frequent thy passes;
 Near thee I would ever be.

23.—CLACHAN GHLINN-DA-RUAIL—CLACHAN GLEN-DA-RUEL.

KEY F.—*Moderato.*



SERSD.	Mo	chailleag	mbln - gheal	mheal - shùileach,	A	dh'fhàs gu fallain,	fuas - gailt',
CHORUS.	My	bonnie	win - some	las - sie,	O, My	fas - cin - a - ting	jew - el,



SERSD.	I	d' ., t: l	., s	s ., m: r s	A	d' ., l: s ., l	d : d
CHORUS.	I'm	sad	in - deed,	since	leav - ing	thee, At	Clach - an Glen - da - ru - el.

Di-dònaich rinn mi chòlachadh,
 Bean òg a's mòdhar gluasad;
 Tha 'guth mar cheòl na smeòraiche,
 'S mar bhliù an ròis a graidhean.

'S caoin a seang-shìlos furanach,
 Neo-churaidh a ceum nallach;
 Tha 'gairdean bàn glé chumadail,
 'S deud iurach 'n a beul guamach.

'S ro fhaicilleach 'n a còmhraidh i,
 Gun sgilm, gun sgleò, no tualleas;
 Gur fàthgail coiseòid shràidean i,
 Air bheagan stàit no guaineis.

Ged bheireadh Scòras àite dhomh,
 Cho àrd 's a tha meag uaisleau;
 Air m' fhacal 's mòr a b' fheàrr leam,
 A bhì 'n Coire-chathaidh am bhuaichail'.

O 's truagh nach robh mi 's m' àilleagan
 Air àirdh cois nam fuar-bheann!
 Bu shocair, seimh a chaidilinn,
 S i'm achlais air an luchair.

Cha suaimhneas oidhch' air leabaidh dhomh,
 'G a d' fhaicinn ann am brudar;
 'S am Biobull fèin cha laimhsich mi,
 Gun d'iomhaigh ghràidh ga m' thuaradh.

'N nair b' fhileant' briathr' a' mhinisteir,
 A' fiosrachadh mu 'r truailleachd;
 Bha mise coinhead dùrachdach
 Na seir thea 'd shùil neo-luainich.

Ged shuidheas clèir na tìre leam,
 'S mi sgrìobhadh dhaith le luath-laimh,
 'S ann bhios mo smaintean dìomhaireach,
 Air Sìue dhonn a' chuach-fhuil.

Ach 's eagal leam le m' cheilleireachd,
 Gu 'n gabh an seisein gruaim rium;
 Ged fhògras iad do 'n Olaind mi,
 Rì m' bheò cha toir mi fuath dhuit!

I met her on a Sabbath day,
 Mild, young, and unassuming;
 Her voice is like the tuneful thrush,
 Her cheeks are roses blooming.

So free, so kind, and affable,
 Her steps no flowerets harming;
 How shapely is her lily arm;
 Her mouth how neat and charming.

She speaks both wise and cautiously,
 And truthful is her story;
 How queenly in her manners all!
 Nor seeks she for vain glory.

Although King George would grant to me
 The highest rank and station,
 I would prefer in Coire-Chathaidh
 The shepherd's pay and ration.

Oh! were I and my jewel in
 A dell with branches twining,
 How soft and soundly would I sleep
 While by her side reclining.

How sweet in dreams thy image dear,
 When on my bed reposing;
 And while the Bible practising
 The same is interesting.

When fluent is the minister,
 Our fallen state declaring,
 Then am I viewing fervently
 Thy placid eye and bearing.

When writing for our clergymen,
 In solemn conclave sitting,
 To Jeanie of the auburn locks
 My thoughts are ever fitting.

The Session may, for rhyming thus,
 Be making angry motions;
 But though abroad they banish me,
 Can they displace my notions?

The subject of this song, *Sine Dhonn Choire-Chathaidh*, afterwards Mrs. Black, died at Rothesay a few years ago, at the advanced age of eighty. Her grandfather, her father, and herself, possessed the farm of Coire-Chathaidh, in the district of Cowal.


Words by ANOUS FLETCHER, DUNOON. Translation by JOHN WEIR.

This song is sung to what is called "Neil Gow's Strathspey."

24.—AN GAIDHEAL 'S A LEANNAN—THE GAEL AND HIS SWEETHEART.

KEY B \flat .—*Moderato, with expression.*


FINE.



{ d : m, s₁ | l₁ ., s₁: s₁ | m : r. m | s ., f: m, r.- | d : m, s₁ | l₁ ., s₁: s₁ | }
 SEISD. { Théid i 's gu'n téid i leam, | Leam - sa gu'n téid mo leannan, | Théid i 's gu'n téid i leam. | }

CHORUS. Yes! she will go with me, Why should we seek to sever? Yes! she will go with me.

D.C. FOR CHORUS.



{ m₁ ., f: s₁ ., s₁ | m ., f: s ., l | s ., m: r ., t₁ | d ., r: m, r.- | }
 { Chionn 's gu bheil gach gleann 'n a fhàs - ach, | Théid mi fhéin 's mo Mhà - ri thairis. | }

Since our glens are des - erts drear - y, O'er the seas we'll go to - gether.

Théid i leam a tìr nam fraoch-bheann,
O'n tha daoin' air dol a fasan.
Théid i, &c.

Seòlaidh sinn a tìr ar dùthchais,
'Cur ar cùlaobh ris na beannaibh.
Théid i, &c.

Théid i leam a null thar sàile,
Far an dean an Gàidheal beairteas.
Théid i, &c.

'S ged a bhiodh gach là 'n a Shamhradh,
'Chaoidh bith'ùh tìr nam beann air m' aire.
Théid i, &c.

'Us mu 'n càirear anns an ùir sinn,
'S e mo dhùrachd tilleadh dhachaidh.
Théidh i, &c.

Chum 's gu 'n tòrrar mise 's m' annsachd,
'N tìr nam beann nan gleann 's nan gaisgeach.
Théid i 's gu'n téid i leam,
Leamsa gu'n téid mo leannan,
Théid i 's gu'n téid i leam.

They have sent across the ocean
Those who wore the kilt and feather.
Yes! she will go, &c.

We must leave our native Highlands,
Breaking ties so hard to sever.
Yes! she will go, &c.

And a land we'll set our sails for,
Where the Gael may riches gather.
Yes! she will go, &c.

Summer's sun may constant reign there,
But we'll ne'er forget the heather.
Yes! she will go, &c.

And our hope is to return yet,
If life's journey we should weather.
Yes! she will go, &c.

Land of bays, and glens, and heroes!
Then to sleep in thee for ever.
Yes! she will go with me,
Why should we seek to sever!
Yes! she will go with me.

25.—GUR TROM, TROM MO CHEUM—HEAVY-HEARTED I MOURN.

KEY E \flat .—*With feeling.*



{ : s ., l | r' : d' . t, l | s : r ., m | s : f . m, r | d
 O, gur trom, trom mo cheum O'n là 'chail! mi do spéis;
 Hea - vy - heart - ed I mourn Since thy love changed to scorn;



{ : d ., d | s : s ., f | d' : r' ., d' | t : d' . l | s ||
 'S tric na deòir ann am shùil, 'S mi gu tùr - sach a'd dhéigh.
 Fre - quent tears fill mine eyes, And my sighs are for - lorn.

Gheall thu dhòmhsa, a luaidh,
 Gaol 'bhiodh firinneach, buan;
 Ach 's ann shearg e mar bhlàth
 'Dh' fhàgas fàl air a' chluan.

Thug mi gaol dhuit 's mi òg;
 'S bhithinn dìleas ri m' bheò;
 Chaidh na saighdean a'm chrìdh',
 'G éisdeachd brìodal do bheòil.

O'n nach d'fhuair mi do làmh,
 O, cha dual dhomh 'bhi slàn!
 Cuiridh 'm bròn mi do'n chill
 As nach till mi gu bràth.

Gus an dùinear mo shùil
 Anns a' chlà as nach dùisg,
 Bidh mo ghaol ort gach là,
 Fhìr nam blàth-shùillean ciùin.

Thou didst pledge to thy maid
 Love that never would fade;
 But it suffered a blight,
 Like a bright flower decayed.


My young heart to thee drew
 With a love long and true;
 For thy words thrilled my heart,
 And love's dart pierced it through.

Since thou canst not be mine
 I must sorrow and pine;
 And my days shall in gloom
 To the tomb fast decline.


Till mine eyelids shall close
 In their lasting repose,
 My fond love ever true
 For my blue-eyed youth flows.

26.—C'ÀITE 'N CAIDIL AN RIBHINN?—WHERE SLEEPEST THOU, MY DEARIE?

KEY F.—With feeling, beating twice in the Measure.



{ : d | m : — : m | m : s : m | r : m : r | d : — : d | m : r : d | d : m : s | l : — : — | s : — : —
 O, c'ait - e 'n caidil an ribhinn an nochd, O c'ait - e 'n caidil an ribh - inn?
 O, where art thou, my love, to-night, Where sleep - est thou, my dear - ie?



{ (s) | l : — : s | d' : — : m | s : — : m | r : — : d | d : — : l, | s, : — : l, | d : — : — | d : — : — |
 Far an caid - il luaidh mo chridh', Is truagh nach robh mi fhin ann!
 Where'er thou art, my la - dy bright, O would that I were near thee!

Tha 'ghaoth a séideadh oirnn' o'n deas,
 'S tha mise deas gu seòlach;
 'S na'n robh thu leam air bhàrr nan stuagh
 A luaidh, cha bhithinn brònach.

Bha mi deas 'us bha mi tuath,
 'S gu tric air chuairt 's na h-Innsean,
 'S bean d' aogais riamh cha d'fhuair mi ann,
 No samhlahd do mo nigh'naig.

'S ann ort féin a dh' fhàs a' gbruaig
 Tha bachlach, dualach, riombach,
 Fiamh an òir a's bòidheche snuagh
 'S e dol 'n a dhuail 's na cirean.

Cha tog fiodhall, 's cha tog òran,
 'S cha tog ceòl na pìoba,
 'S cha tog briodal nigh'naig òig
 Am bròn 'tha 'n diùgh air m' iuntinn.

'S e dh' iarrainn riochd na h-eala bhàin
 A shnàmhais thair a' chaolais,—
 'Us rachainn féin troimh thonnaibh breun
 A chur an céill mo ghaol dhuit.

Tha nis gach ni a réir mo dheòin,
 Gach acfhuinn 's seòl mar dh' iarrainn,
 'S gun mhaillle théid mi air a tòir,
 'Us pòsaidh mi mo nigh'naig.

My ship is floating on the tide,
 And prosperous winds are blowing;
 If thou wert only by my side
 My tears would not be flowing.

I long have braved the stormy sea,
 To distant lands oft sailing;
 No maiden have I seen like thee;
 Thine absence I 'm bewailing.

How fair thy locks are to behold,
 When in the sunbeams shining;
 In colour they will vie with gold
 That oft has stood refining.


In song or dance I take no part,
 And music cannot cheer me;
 Nor maiden's smile can raise my heart
 Since absent from my dearie.

If like the swan I now could sail
 Across the trackless ocean,
 Ere break of day my love I'd hail
 And prove my heart's devotion.


My sails are set; blow, breezes blow!
 All thoughts of danger scorning;
 Where dwells my love I'll quickly go
 And wed her in the morning.

27.—MO NIGHEAN DONN, BHÒIDHEACH—MY BROWN-HAIRED MAIDEN.

KEY B ♭.—*Moderato.*



	{ : s ₁ d : -.t ₁ l ₁ : s ₁ d : - s ₁ : s ₁ d : -.r f : m r : - m
SEISD.	Ho r ₀ , mo nighean donn, bhòidheach, Hi ri, mo nighean donn, bhòidheach,
CHORUS.	Ho r ₀ , my brown-haired maid - en, Hee ree, my brown-haired maid - en,



	{ : f s : f m : s s ₁ : - d : f m : - r : -.d d : - -
	Mo chailleag laghach, bhòidheach, Cha pòs - ainn ach thu.
	My bonnie, winsome maid - en, I'd wed none but thee.

A Pheigì dhonn nam blàth-shul,
Gur trom a thug mi gràdh dhuit:
Tha d' iomhaigh ghaoil, 'us d' àilleachd,
A ghnàth tigh'nn fo m' àidh.

Cha cheil mi air an t-saoghal
Gu bheil mi mhian 's mo ghaol ort;
'S ged chaidh mi uait air faondradh,
Cha chaochail mo rùn.

'N uair bha mi ann ad làthair,
Bu shona bha mo làithean—
A' seallbhachadh do mhànrain,
'Us àille do ghnìs.

Gnìs aoidheil, bhanaid, mhàlda
Na h-òigh a's caoimhe nàdur;
I suairce, ceanall, bàigheil,
Làn gràis agus mùirn.

Ach riamh o'n dh' fhàg mi d' fhianuis,
Gu bheil mi dubhach, cianail;
Mo chridhe trom ga phianadh
Le iarguin do rùn.

Ge lurach air a' chabhhsair
Na mnathan òga Gallda,
A rìgh! gur beag mo gheall-s'
Air bhì sealltainn 'n an gnìs.

'S ann tha mo rùn 's na beanntaibh,
Far bheil mo ribhinn ghreannar,
Mar ròs am fàsach Shamhraidh,
An gleann fad' o shùil.

Ach 'n uair a thig an Samhradh,
Bheir mise sgrìob do 'n ghleann ud,
'S gu 'n tog mi leam do 'n Ghalldachd,
Gu h-annsail, am fùr.

Thine eye with love is gleaming;
Thy face with beauty beaming;
When waking, or when dreaming,
My thoughts dwell on thee.

Forget thee will I never,
But I will love thee ever;
Though many miles us sever,
I'm still true to thee.

When I was staying near thee,
Thy presence sweet did cheer me;
And charming 'twas to hear thee
Sing gaily and free.

Of cheerful, comely features;
Of gentle, kindly nature;
Therè'er was living creature
More lovely than thee.

But now that thou 'rt not by, love,—
I often sit and sigh, love,—
And wish that thou wert nigh, love,
To bring joy to me.


Though Lowland girls are fine, love,
E'en some may say divine, love,
Therè's none can thee outshine, love,
Or lure me from thee.

For 'mong the hills she's dwelling,
Where crystal streams are welling;
Like rose all flowers excelling,
The maiden for me.

When summer comes again, love,
I'll seek your Highland glen, love,
Mine own to make you then, love,
And take thee with me.


28.—DÙTHAICH NAN CRAOBH—THE LAND OF THE TREES.

KEY D.—*Slowly, with feeling.*



{ : m ., f | s : s : d' . d' | l : s : l ., d' | r' : r' : m' m' | r' : d' |
 SEISD. { A bhi fàg - ail na dùthcha, 'S a bhi càr - adh na siùil rith',
 CHORUS. O'er the bil - lows car - eer - ing, The good ship we are steer - ing,

Rallantando.



{ : r' . m' | s : m : r ., m | s : d' : r' . r' | m' . r' : d' : l | s : — ||
 'S a bhi stiùireadh a cùr - sa, Gu dùthaich nan craobh.
 From our home so en - dear - ing, To the land of the trees.

Gur e mis' tha fo smuairin,
 'S mi a' seòladh thar chuantan,
 'Us mi 'g ionndrainn nan dnanag
 'S tric a fhuair mi 'o m' ghaol.

Di-dòmhnuch m' an d' fhàg mi,
 'Us mi coiseachd na sràide,
 Thachair orm-sa mo mhàldag,
 Le 'blàth-shùilean caoin.

'N nair a bha mi le m' ghràdh-sa
 Ann an dùthaich nan àrd-bheann,
 'S tric a dh' éisd mi ri 'màraon
 Fo sgàile nan craobh.

Thoir mo shoraidh thar sàile,
 Ceud soraidh gu bràth 'uam,
 Dh' ionnsaidh ribhinn nam blàth-shùl,—
 Tó 's feàrr leam 's an t-saogh'l.

Ach ma bhitheas mi maireann,
 'S tighinn sàbhailte dhachaighd,
 Cha téid mi tuille gu marachd;
 Nì mi fanachd 's na caoil.

Faiceam long a' dol dachaidh
 Gu Albainn no Sasunn,
 Sgrìobhaidh mise gu m' leannan
 Gur maireann mo ghaol.

Ma nì thu 'm pòsadh m' an tìg mi,
 Feuch gur feàrr e na mise;
 Na gabh pòtcar no mì-gear,
 'S na gabh idir fear faoin.

With tears my eyes burning,
 And my thoughts ever turning
 With a soul-filling yearning,
 To the land on the lee.

Where I left my love grieving,
 On the morn I was leaving;
 Cruel Fortune's deceiving,
 That tore her from me.

There was nought in life sweeter
 Than at sunset to meet her,
 And with fond words to greet her
 By the dear trysting tree.

When the wild flowers were springing,
 And the woodlands were ringing,
 To be listening her singing
 Was rapture to me.

Though the storms do not fear me,
 There is nought now can cheer me,
 Since she is not near me,
 To set my cares free.

But I'll scan the wide ocean,
 For a white sail in motion,
 My tale of devotion
 To bear home to thee.

When my cruising is over,
 I'll no more be a rover;
 Nor again will grief move her
 At parting from me.

29.—MÀIRI BHÒIDHEACH—PRETTY MARY.

KEY F.—*Moderato*.



SEISD. { ,m:m .,r | r : m .,d: t₁ .,s₁ | l₁ : l₁ .,l₁: d .,r | m : m .s : l .,r | r : d .
 A Mhàiri bhòidheach, 's a Mhàiri ghaolach, A Mhàiri bhòidheach gur mòr mo ghaol ort
 CHORUS. My pretty Ma - ry, my lovely Ma - ry, O, who can measure the love I bear thee?



{ ,d : s .,m | s : s .,s : l .,t | l : s .,m : r .,l₁ | d : r .m : r,d,s₁ | l₁ : l₁ .
 A Mhàiri bhòidheach, gur tu a chlaoidh mi, 'Sadh'fhàg mi bròn - ach gun dòigh air t-fhaotainn.
 My charming Ma - ry, I greatly fear me, Away from thee there is nought can cheer me.

A Mhàiri bhòidheach gur mòr mo ghaol ort;
 Gur tric mi cuimhneachadh ort 's mi m'aonar;
 Ge do shìùbhlainn gach ceum do'n t-saoghal,
 Bith'dh t'ìomhaigh bhòidheach tigh'nn beò gach
 taobh dhìom.

'S truagh nach robh mi 's mo Mhàiri bhòidheach
 Ann an gleannan faoin 'us ceò air
 'S ged bu rìgh mi 's an Roinn-Eòrpa,
 Cha'n iarraim pòg ach o Mhàiri bhòidheach.

O Mhàiri! lughdaich thu mo chiall domh;
 Tha mo chrìdh' le do ghaol air lìonadh;
 Tha gach là dhomh cho fad ri bliadhna,
 Mur faic mi t'aodann a tha mar ghrian domh.

C'ait' am faicear 's an t-saogh'l bean t'aogais,
 Cha'n 'eil i idir ann ri fhaotainn,
 Am maise, 'n tuigse 's an deagh bheusan,
 Tha thu ro àrda os cionn gach aon duibh.

Gu ma slàn do mo Mhàiri bhòidheach,
 Ge b'e àite 's am bi i chòmhnuidh;
 'S e mo dhùrachd-sa 'm fad 's a's beò mi,
 Gu'm bi gach sòlas aig Màiri bhòidheach.

In storm or sunshine, where'er I wander,
 My wont is on thy charms to pònder;
 Thy image rises up before me,
 And throws love's witching glamour o'er me.

Could I but sojourn with thee only
 In some green glen, secure and lonely,
 Then neither glory, fame, nor treasure,
 Could ever bring me half such pleasure.

Thy absence has of joy bereft me,
 And nought but sorrow now is left me;
 From day to day 'tis sighing, pining,
 For thy sweet face like a sunbeam shining.

Who ever saw thee but felt thy power?
 Of Beauty's handmaids thou 'rt the flower;
 And sense and worth, all else excelling,
 Within thy virtuous mind are dwelling.

Oh! ne'er may evil chance come near thee,
 With grief or gloomy doubts to fear thee;
 But pleasant hopes and musings thine be,
 To cheer the days until thou mine be.

Gaelic words from SINCLAIR'S "ORANAICHE." English words by C. M. P.


30.—AM FLEASGACH DONN—THE BROWN-HAIRED LAD.

KEY F.—*Slowly, with expression.*



	{ m ., r	d	: d . d	m ., f	s	: d	: m ., r	d	: d . d	d' ., t	l	: f				
SEISD	{ Failll	ill	ó,	agus	hó	ró	éil	- e,	Failll	ill	ó,	agus	hó	ró	éil	- e,
CHORUS.	Fail	eel	o,	agus	ho	ro	ail	- a,	Fail	eel	o,	agus	ho	ro	ail	- a,

Rallantando.



	{ s ., l	d'	: s . l	: s ., f	m	: r . d	f ., s	l	: f . l	: s ., m	r	: d				
	{ Failll	ill	ó,	agus	hó	ró	éil	- e,	A fheasgaich	dhuinn	nach	ann	duinn	a	dh'	éirich.
	Fail	eel	o,	agus	ho	ro	ail	- a,	My brown-haired lad,	what	a	fate	a	- waits	us!	

Saoil sibh fhéin nach mi 'bha truagh dheth,
 Feasgar foghair air achadh buana;
 A h-uile té 's a fear fhéin r'a guallainn,
 'S mo leannan donn-sa air bhàrr nan cuantan.

Shiùbhlainn, shiùbhlainn, shiùbhlainn fhéin leat,
 Shiùbhlainn fada troimh choill nan geug leat;
 'S 'n uair bha mi òg 's mi air bheagan céille
 Gur e do ghaol-sa a rinn mo léireadh.

Gheall mo mhàthair fàinne òir dhomh;
 Gheall m' athair buaille bhò dhomh;
 'S ged gheibhinn sud 's an saoghal mòr leis
 Gur mòr gu 'm b' ànnsa leam gaol an òigeir.

Phiuthar ghaolach dean gu réidh rium;
 Cum an crodh 'us na laigh bho chéile;
 'S ged ghabh mi 'm poca 's a dh' iarr mi'n déire,
 Na cumaidh uam-sa mo rogha céile.

'Dé na'm faicinn thu seach a' bhuaile!
 Sgealb mi 'n cuman, 'us thilg mi 'bhuarach—
 Chuirinn fhéin mo dhà làmh mu 'n cuairt duit
 'S cò, a ghaol, sin a chumadh uam thu?

In the pleasant harvest gloaming,
 Lads and lasses blythely roaming;
 Every maiden has her lover,
 But far on sea is my brown-haired rover.

Father, mother, I would leave them,
 Though my heart should break to grieve them;
 And I'd journey through the wildwood
 Beside the laddie I loved from childhood.


Not for gems of richest splendour
 Would I e'er his love surrender;
 Though the world were mine to-morrow,
 Without my lover 'twould bring but sorrow.

Sister darling, do not grieve me;
 Age and youth can ne'er agreed be:
 With my world's gear do your pleasure,
 But keep not from me my bosom's treasure.

What, if I should now behold him!
 To my bosom I would fold him;
 Care and anguish would forsake me;
 And who would then from my own love take me!


31.—SORAIDH SLÀN LE FIONN-AIRIDH!—FAREWELL TO FIUNARY!

KEY B♭.—Moderato, with feeling.



{ (.d) : d ., d | s ., s : m . m | r : m ., l₁ | l₁ ., d : t₁ . l₁ | s₁
 SEISD. { Eirich | ag - us tiu gainn | O, Eirich | ag - us tiu gainn | O,
 CHORUS. Eirich | ag - us tiu gainn | O, Eirich | ag - us tiu gainn | O,

Rallantando.



{ (.s) : l₁ ., l₁ | d ., d : r . m | ŝ ., s : l ., s^m | m ., r : r ., d | d
 Eirich | ag - us tiu gainn | O, Mo shoraidh slàn le Fionn-Air- idh!
 Eirich | ag - us tiu gainn | O, Farewell, farewell, to Fiun - a - ry!

Tha 'n latha math, 's an soirbheas ciùin ;
 Tha 'n ùine 'ruith, 's an t-àm dhuinn dlùth ;
 Tha 'm bàt' g' am fheitheamh fo a siùil,
 Gu m' thoirt a null o Fhionn-Airidh.

Tha ioma mille ceangal blàth
 Mar shaighdean ann am féin an sàs ;
 Mo chridhe 'n impis a bhi sgáinnt' ;
 A chionn bhi 'fagail Fhionn-Airidh.

Bu tric a ghabh mi sgrìob leam fhéin
 Mu'n cuairt air luchairt Fhinn an tréin ;
 'S a dh' éisd mi sgeulachdan na Féinn'
 'G an cur an oéill am Fionn-Airidh.

Bu tric a sheall mi feasgar Máirt
 Far am biodh Oisean 'seinn a dháin ;
 A' coimhead gréin aig ioma trà
 'Dol seach gach là 's mi 'm Fionn-Airidh.

Beannachd le beanntaibh mo ghaoil
 Far am faigh mi 'n fiadh le 'laogh,—
 Gu ma fad' an coilleach-fraoich
 A' glaothaich ann am Fionn-Airidh.

Ach cha 'n iad glinn us beanntan árd'
 A lot mo chridh' 's a rinn mo chrádh,
 Ach an diugh na tha fo phràmh
 An teach mo ghráidh am Fionn-Airidh.

Beannachd le athair mo ghráidh ;
 Bidh mi 'cuimhneach ort gu bráth ;
 Ghuidhinn sonas agus agh
 Do 'n t-sean fhear bhàn am Fionn-Airidh.

Am feum mi sibhal nait gun dàil ?
 Na siùil tha togte ris a' bhàt'—
 Soraidh slàn, le tr mo ghráidh,
 'Us slàn, gu bràth le Fionn-Airidh !

The wind is fair, the day is fine,
 Swiftly, swiftly runs the time ;
 The boat is floating on the tide
 That wafte me off from Fiunary.

A thousand, thousand tender ties—
 Accept this day my plaintive sighs ;
 My heart within me almost dies
 At thought of leaving Fiunary.

With pensive steps I've often strolled
 Where Fingal's castle stood of old,
 And listened while the shepherds told
 The legend tales of Fiunary.

I've often paused at close of day
 Where Ossian sang his martial lay,
 And viewed the sun's departing rays,
 When wand'ring o'er Dun Fiunary.

Farewell ye hills of storm and snow,
 The wild resorts of deer and roe ;
 In peace the heath-cock long may crow,
 Along the banks of Fiunary.

'Tis not the hills nor woody vales
 Alone my joyless heart bewails ;
 A mournful group this day remains
 Within the Manse of Fiunary.


Can I forget Glenturret's name ?
 Farewell, dear father, best of men ;
 May heaven's joys with thee remain
 Within the Manse of Fiunary.

Oh must I leave these happy scenes ?
 See, they spread the flapping sails,
 Adieu ! adieu ! my native plains ;
 Farewell, farewell to Fiunary !

Words by the late DR. N. MACLEOD, ("CARAID NAN GAIDHEAL.") Gaelic translation by the late MR. ARCHIBALD SINCLAIR, Glasgow.

32.—DH' FHALBH MO LEANNAN FHÉIN!—MY OWN DEAR ONE'S GONE!

KEY B \flat .—*Slowly, with expression.*



SEISD. { d ., d : l₁ . l₁ : s₁ | m ., f : s ., f : m . r | m ., f : s ., l₁ : l₁
 Dh' fhalbh mo leannan fhéin! Dh' fhalbh mochéile lurach; Míseach mhath na dhéigh;
 CHORUS. My own dear one's gone! My true love's de-part-ed; Hap-py be his lot,



{ s₁ ., l₁ : d ., d : r . m | r ., d : l₁ . l₁ : s₁
 Dhómh - sa b' éig - inn fuireach; Dh' fhalbh mo leannan fhéin!
 Though I'm brok - en heart - ed; My own dear one's gone!

'N uair a thog thu síuil,
 Bha mo shùil a' sìleadh;
 Dhuit-se ghuidh gach beul—
 “Slàn gu'n dean thu tilleadh.”
 Dh' fhalbh mo leannan fhéin!

Ghoid thu leat mo shlàint',
 'S rinn thu m' fhàgail dubhach;
